# BEAIRTEAS

## Seisean 7

Joy Dunlop & Calum MacIllEathain

# Joy Dunlop

Air a crùnadh mar Sheinneadair Traidiseanta agus Dannsair Traidiseanta na Bliadhna aig Fèis Phan Cheilteach 2015, tha dreuchd Joy Dunlop mar sheinneadair mar thoradh air an ùidh a thog i òg ann an ceòl traidiseanta na h-Alba, agus tha an dreuchd sin air a toirt air feadh an t-saoghail.

Bidh i a' taisbeanadh òrain agus ceòl Gàidhlig ann an dòigh ùr-nòsach a bhios an-còmhnaidh dlùth ri a fhreumhan. Air a cur air adhart mar Sheinneadair Gàidhlig na Bliadhna ceithir tursan, tha i air Bonn Òir a' Chomuinn Ghàidhealaich agus Bonn Tìm an Òbain a choisinn, agus air dà chlàr iomraiteach a chur a-mach, *Dùsgadh* agus *Faileasan*.

Bidh Joy a' lìbhrigeadh na h-aimsire air BBC Scotland & BBC ALBA agus i gu tric a' nochdadh air Radio Scotland agus Radio nan Gàidheal. Tha i cuideachd mar aghaidh air SpeakGaelic, goireas air leth do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Tha i cuideachd na stiùireadair air Còisir Alba, a ghabh pàirt ann an cuairt-dheireannach Còisir Eurovision na Bliadhna 2019 ann an Gothenburg, an t-Suain.

*Crowned Traditional Singer of the Year & Traditional Dance Champion at the 2015 Pan Celtic Festival, Joy Dunlop's singing career is the result of a lifelong fascination with Scotland's traditional music and has led her all over the world.*



*She showcases Gaelic music and song in a contemporary way that always remains true to its roots. Nominated Gaelic Singer of the Year four times, she has also won both the coveted Royal National Mòd Gold Medal and the Oban Times Gold Medal and released two highly acclaimed solo albums, Dùsgadh and Faileasan.*

*Joy forecasts the weather on both BBC Scotland & BBC ALBA and make frequent appearances on Radio Scotland and Radio nan Gàidheal. She is also the main face of SpeakGaelic, a multi-faceted Gaelic educational resource. Additionally, she conducts the Alba Choir, who participated in the 2019 Eurovision Choir of the Year finals in Gothenburg, Sweden.*

# Calum MacIllEathain
## Calum MacLean

'S e fiolmadair, preasantair agus dàna-thurasaiche a th'ann an Calum MacIlleathain. Rugadh e ann an Astràilia, agus chaidh a thogail anns an Eilean Sgitheanach an toiseach, is an uair sin Inbhir Nis, leis a' Ghàidhlig mar chiad chànain.

Tha na milleanan de dhaoine air na bhideothan aige fhaicinn air na meadhanan-sòisealta, eadar dùbhlan 'Aon Mhionaid a' Mheanbh-Chuileig' agus a bhith a' snàmh fon deigh anns an loch as àirde ann an Alba. Nochdaidh e cuideachd air BBC ALBA air Dhan Uisge, Dealbh is Slighe agus Speak Gaelic.

Tha Calum a-nis a' fuireach ann an Obar Pheallaidh. An-uiridh choisich e fhèin agus an rothaiche Jenny Ghreumach ann an loidhne dhìreach airson ceithir latha tarsainn air Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh. Chan e seinneadair a th' ann – chaidh fhaighneachd dha còisir na bun-sgoile fhàgail ann an P4!

*Calum Maclean is a film-maker, presenter and adventurer. Born in Australia, he was raised in the Isle of Skye and then Inverness, with Gaelic as his first language.*

*His social media videos have got millions of views, from his 'One Minute Midgie Challenge" to ice swimming in Scotland's highest loch. He appears on BBC ALBA shows Dhan Uisge, Dealbh is Slighe and Speak Gaelic.*



*Calum now lives in Aberfeldy. Last year, with the cyclist Jenny Graham, he walked in a straight line for four days across the Cairngorms National Park. He is not a singer and was invited to leave his primary school choir practise in P4!*